

## A GHAOIL, SAOIL AM FAIGH MI THU?

*There are several different versions of this song. We like this one – but hope we don't offend anyone!*

'S A GHAOIL, SAOIL AM FAIGH MI THU?  
'S E D' FHAIGHINN DHEANADH SLÀN MI.  
'S A GHAOIL, SAOIL AM FAIGH MI THU?

Cha ghabh mi Clann 'ic Leòid:  
Ged a dh'òladh 'ad cha phàigheadh.

Cha ghabh mi-fhìn na Dòmhnallaich:  
Tha mòran dhiubh nan ceàrdan.

Cha ghabh mi idir Stiùbhartaich:  
Tha brùidealachd nan nàdur.

Cha ghabh mi idir Camshronaich:  
'S cas-cham air fear no dhà dhiubh.

Cha ghabh mi Clann Mhic Iomhair:  
Chan fhaic thu fiamh a' ghàir orr'.

Cha ghabh mi Clann Mhic Rath:  
Bidh 'ad a' cadal air an t-Sàbaid.

Cha ghabh mi Clann Mhic Aoidh:  
Bidh 'ad a' faoidh a' bhuntàta.

'S e ghabhas mis'an saighdear  
A dh'fhalbhas grinn an t-sràid leam.

*Do you think I will get you, love?*

*Getting you would restore my health...*

*I won't have the Macleods:*

*They wouldn't pay for their drinks.*

*I won't have the Macdonalds:*

*A lot of them are tinkers.*

*I won't have the Stewarts:*

*They have a beastly nature.*

*I won't have the Camerons:*

*They have bandy legs.*

*I won't have the MacIvors:*

*You never see them smiling.*

*I won't have the MacRaes:*

*They sleep on the Sabbath.*

*I won't have the MacKays:*

*They go begging potatoes.*

*I'll take the soldier,*

*who'll look smart going down the street with me.*